



Pàigheadh Ciorraim Inbheach

Dè th' ann am Pàigheadh Ciorraim Inbheach?

'S e airgead a th' ann gus daoine a chuideachadh leis na cosgaisean a bharrachd a thig gu tric an lùib ciorraim, euslaint fhad-ùine no tinneas-bàis. Thèid e an àite Pàigheadh Neo-eisimeileachd Pearsanta do dhaoine ann an Alba, a bha air a libhrigeadh roimhe seo le Roinn na h-Obrach is nam Peinnseanan.

Cò a dh'faodas Pàigheadh Ciorraim Inbheach fhaighinn?

Faodaith daoine iarrtas a chur a-steach airson Pàigheadh Ciorraim Inbheach:

- ma tha iad 16 no nas sine agus tha ciorram, euslaint fhàd-ùine no tinneas-bàis orra
- mura h-eil iad air aois Peinnsean na Stàite a ruiginn

Chan eil Pàigheadh Ciorraim Inbheach air a dhearbhadh le deuchainn teachd-a-steach. Chan eil e gu diofar a bheil an neach ciorramach ag obair no a bheil sàbhalaidhean aca.

Faodaith cuideigin a bhith airidh air pàigheadh ma tha ciorram no euslaint fhad-ùine air a bhith orra airson co-dhiù 3 mìosan agus dùil ann gun lean e airson co-dhiù 6 mìosan, mura h-eil iad a' fulang le tinneas-bàis.

Dè a dh'fheumas sinn bho dhaoine nuair a nì iad iarrtas?

Gus co-dhùnadh a dhèanamh air iarrtas, feumaidh sinn tuigsinn mar a tha cor no ciorram cuideigin a' toirt buaidh air am beatha. Bidh sinn ag iarraidh air daoine am fiosrachadh seo a thoirt seachad san fhoirm-iarrtais.

Feumaidh sinn cuideachd aon phios fiosrachadh taice bho phroifeiseantach. Bu chòir dha seo ciorram, euslaint no feumalachdan a dhearbhadh gu farsaing. Dh'faodadh seo a bhith na bhreithneachadh-lèigh ma tha sin aig an neach, ach chan fheum iad breithneachadh-lèigh airson iarrtas a chur a-steach.

Tha eisimpleirean de dh'fiosrachadh taice a' gabhail a-steach planaichean cùraim shòisealta, liostaichean de dh'òrdughan-chungaidhean agus litir tar-chuir bho phroifeiseantaich leithid luchd-obrach taice, dotairean agus leasaichean-cuirp.

Faodaith daoine fhathast iarrtas a dhèanamh gun fiosrachadh taice. Faodaith sinne a chruinneachadh às an leth ma dh'iarras iad oirnn, ach dh'faodadh gun toir e nas fhaide an t-iarrtas aca a làimhseachadh.

Ciamar a tha reat a' phàighidh air obrachadh a-mach?

Tha Pàigheadh Ciorraim Inbheach stèidhichte air dà phàirt: bith-beò làitheil agus comas gluasaid. Dh'faodte gum bi daoine airidh air aon phàirt no air an dà phàirt.

Tha 2 reat pàighidh aig a' phàirt bith-beò làitheil:

- coitcheann – reat de £73.90 gach seachdain
- meudaichte – reat de £110.40 gach seachdain

Tha 2 reat pàighidh aig a' phàirt comas gluasaid:

- coitcheann – reat de £29.20 gach seachdain
- meudaichte – reat de £77.05 gach seachdain

Faodaith daoine a gheibh an reat meudaichte den phàirt comas gluasaid an t-airgead gu lèir, no pàirt dheth, a chleachdadhus gus càr, sgùtair no cathair-chuibhle le cumhachd fhaighinn air mhàl tron Sgeama Carbadan is Uidheam Ruigsinneachd.

Ciàmar a thèid daoine a phàigheadh?

Bidh a' chiad phàigheadh air obrachadh a-mach mar as trice bhon cheann-latha air an deach a' chiad phàirt den iarrtas air-loidhne aca a chur a-steach.

Bithean a' pàigheadh Pàigheadh Ciorraim Inbheach gach 4 seachdainean an dèidh làimhe. Thèid a phàigheadh a-steach don chunntas a thugadh seachad mar phàirt den iarrtas.

A bheil am pàigheadh ri fhaighinn dhaibhsan a tha a' fulang tinneas-bàis?

Tha. Tha pròiseas iarrtais luath fa leth ann dhaibhsan a tha a' fulang tinneas-bàis. Bidh neach air a bheil tinneas-bàis airidh air an reat as àirde den phàirt bith-beò làitheil agus a' phàirt comas gluasaid ge bith dè an ùine a tha iad air a bhith a' fulang tinneas-bàis. 'S e duaiseachadh fad-beatha a th' ann an seo, agus cha bhithear ga ath-bhreithneachadh ach ma tha an suidheachadh aca air atharrachadh.

Ma tha tinneas-bàis air an neach, thèid Pàigheadh Ciorraim Inbheach a libhrigeadh gach seachdain ro làimh.

Dè thachras ma tha cuideigin a' faighinn Pàigheadh Neo-eisimeileachd Pearsanta no Cuibhreann Ciorraim Bith-beò mar-thà?

Bu chòir gu bheilear air töiseachadh, no air crìochnadhadh, air am Pàigheadh Neo-eisimeileachd Pearsanta (PIP) a thar-chur gu Pàigheadh Ciorraim Inbheach. Ma tha duine sam bith ann le còd-puist Albannach agus a tha fhathast a' faighinn PIP nach eil air litir fhaighinn, bu chòir dhaibh fios a chur thugainn le bhith a' cur fòn an-asgaidh gu 0800 182 2222.

Ma tha cuideigin fhathast a' faighinn Cuibhreann Ciorraim Bith-beò (DLA) bho Roinn na h-Obrach is nam Peinnseanan, thèid an t-sochair a thar-chur gu fèin-ghluasadach do shocair ùr ris an canar DLA Inbhich Albannach. Gheibh iad litir le barrachd fiosrachaidd mus tachair seo.

Ciàmar a nì iad iarrtas?

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidd agus faodar iarrtas a chur a-steach air-loidhne aig [mygov.scot/adultdisability](https://www.mygov.scot/adultdisability). Faodaidh daoine cuideachd cur a-steach air a' fòn no foirm-iarrtais pàipeir iarraidh tron phost le bhith a' cur fòn thugainn an-asgaidh air **0800 182 2222**.

Am feum iad taic bho neach-tagrachd?

Tha an t-seirbheis tagrachd neo-eisimeileach VoiceAbility a' toirt taic do dhaoine air a bheil ciorram nuair a tha iad a' cur a-steach airson sochairean Tèarainteachd Shòisealta Alba. Cuir fios gu VoiceAbility an-asgaidh air **0300 303 1660** no le tadhail air www.voiceability.org.

Ciàmar as urrainnear fios a chur thugainn?

-  Cuir fòn thugainn an-asgaidh air: 0800 182 2222
-  Seirbheis Text Relay: 18001 +0300 244 4000 (do dhaoine a tha maol sa chlaisneachd)
-  Luchd-cleachdaidh Cànan Soidhnidh Bhreatainn: contactscotland-bsl.org
-  Webchat: chat.socialsecurity.gov.scot